

5 Sultain 2017

A Phàrant/Neach-cùraim uasail

## **Bun-sgoil agus Clas-àraich Bhogha Mhòir Comhairle Earra-Ghàidheal agus Bhòid**

San Fhaoilleach 2015, dh'fhoillsich Luchd-sgrùdaidh na Banrigh litir mu sgoil an leanaibh agaibh. Chuir an litir an cèill grunnan raointean leasachaidh a dh'aontaich sinn leis an sgoil agus le Comhairle Earra-Ghàidheal agus Bhòid. Thill sinn chun na sgoile an dèidh seo gus sgrùdadh a dhèanamh mun dòigh san robh an sgoil air leantainn oirre a' leasachadh a cuid obrach agus sa Mhàrt 2016 chaidh litir eile fhoillseachadh. O chionn ghoirid, mar a dh'fhaodadh gu bheil fios agaibh, thadhail sinn air an sgoil a-rithist. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ri daoine òga agus dh'obraich sinn gu dlùth leis a' cheannard agus an luchd-obrach. Chuala sinn bhon cheannard agus bho luchd-obrach eile mu na ceumannan a tha an sgoil air a ghabhail gu cùisean a leasachadh. Sheall sinn ri raointean sònraichte a chaidh an comharrachadh san sgrùdadh a chaidh a dhèanamh o thùs. Mar thoradh air sin, bha e comasach dhuinn faighinn a-mach mun adhartas a tha an sgoil air a dhèanamh agus dè cho math 's a tha seo a' toirt taic do ionnsachadh agus coileanadh na cloinne. Tha an litir seo a' cur an cèill na fhuair sinn a-mach.

## **Leasachadh buileachadh am Beurla, Gàidhlig is matamataig**

Fo cheannardas làidir a' cheannaird ùir an gnìomh tha an sgoil air ceumannan air leth deimhinneach a ghabhail a thaobh a bhith a' leasachadh bhuileachadh ann am Beurla, Gàidhlig is matamataig. Thar na sgoile, tha tuigse nas fheàrr a-nis aig an luchd-obrach mun ìre aig a bheil a' chlann a thaobh an ionnsachaidh agus an taic agus an dùbhlán air a bheil feum aca a-nis. Tha modhan ùra a thaobh a bhith a' cruinneachadh agus a' sgrùdadh adhartas na cloinne ann am Beurla, Gàidhlig is matamataig a' toirt deagh thaic dhan seo. Tha conaltradh cunbhalach eadar an luchd-obrach agus an ceannard an gnìomh a' dèanamh cinnteach gu bheil a' toirt fòcas iomchaidh do bhith ag àrdachadh buileachadh gach neach-ionnsachaidh. Tha modhan ùra mu bhith a' teagasg taobhan de Bheurla agus matamataig a' cuideachadh ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil clann a' dèanamh adhartas nas fheàrr nan ionnsachadh. Tha deagh eisimpleirean den seo a' gabhail a-steach nam modhan gnìomhach a thathar a' cleachdadh ann a bhith a' teagasg litreachadh agus obair matamataig san eanchainn. Tha an sgoil air ionnsachadh a mheudachadh tron Ghàidhlig do chlann ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig. Tha an turas air an deach clann dhan Eilean Sgitheanach o chionn ghoirid air cuideachadh a thaobh a bhith ag ath-stèidheachadh adhbharan bogaidh. Feumaidh an ceannard an gnìomh leantainn oirre leis na planaichean a tha aice gus tuilleadh mhodhan

bogaidh a neartachadh. Tha luchd-taic air an deagh chleachdadh ann an clasaichean gus dèanamh cinnteach gu bheil clann a' dèanamh an adhartais as fheàrr as urrainn dhaibh. Tha e follaiseach gu bheil a' chlann sa chlas-àraich agus ann an clasaichean na bun-sgoile a' nochdadh barrachd ùidh agus an sàs nas motha nan cuid ionnsachadh. Tha e a' còrdadh riutha gu bheil barrachd uallach orra airson a bhith a' stiùireadh an ionnsachaidh aca fhèin. Tha an luchd-obrach ga dhèanamh comasach dhaibh a bhith a' beachdachadh air na neartan aca fhèin agus na h-ath cheumnan, a' dèanamh deagh fheum de an co-aoisean agus am pàrantan gus seo a choileanadh. Ann an dòigh phosataibh, tha na leabhraichean ionnsachaidh air a bhith air an leasachadh gus am bi a' chlann nas motha an sàs ann a bhith a' planadh agus a' beachdachadh air an ionnsachadh aca fhèin. Tha an luchd-obrach air àrainnean ionnsachaidh a leasachadh thar na sgoile gus luchd-ionnsachaidh a mhisneachadh agus a bhrosnachadh. Tha an raon a-muigh air a chleachdadh le clann sna clasaichean-àraich a' toirt co-theacsa inntinneach do chlann airson a bhith a' leasachadh an sgilean feòrachaidh agus sgrùdaidh.

### **Ceannardas ro-innleachdail den churraicealam a leasachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil an luchd-obrach air fad a' faighinn taic ann a bhith a' toirt a' Churraicealam airson Sàr-mhathais air adhart**

Tha Bun-sgoil Bhogha Mhòir air èifeachdas a curraicealam a leasachadh. Ann a bhith a' dèanamh seo, tha an ceannard an gnìomh air an luchd-obrach a stiùireadh ann an dòigh mhath le bhith a' comharrachadh dhaibh ceannardas làidir air a' churraicealam. Tha an sgoil a' stèidheachadh a curraicealam air feallsanachd soilleir a tha co-cheangailte ris na prionnsabalan deilbh agus air luachan na sgoile. Tha an riochdachadh lèirsinneach den fheallsanachd a' cuideachadh an luchd-obrach, clann, pàrantan agus a' choimhearsnachd san fharsaingeachd ann a bhith a' tuigsinn gu dè a tha an sgoil a' feuchainn ri choileanadh airson a luchd-ionnsachaidh. Tha tuigse mòran nas soilleir aig an luchd-obrach mun fheallsanachd agus air an t-slighe air adhart. Tha seo a' faighinn taic bho shlighean ionnsachaidh a tha air a bhith air an leasachadh ann an cuid de chuspairean, le planaichean airson a bhith a' leasachadh gach raon den churraicealam san àm ri teachd. Mar thoradh air a bhith ag ionnsachadh tro chuspairean tha ionnsachadh nas doimhne air tachairt le barrachd obair ann an co-theacsan fìor. Tha an ceannardas a thaobh Foghlam Meadhan Gàidhlig mòran nas fheàrr. Tha seo mar thoradh air tuigse, diorras agus dealas a' cheannaird an gnìomh a thaobh Foghlam Meadhan Gàidhlig. Tha e cudromach gu bheil eòlas aig a' cheannaird an gnìomh agus a luchd-obrach air an dòigh sam faighear leasachadh leantainneach a thaobh Foghlam Meadhan Gàidhlig. Tha an sgioba luchd-obrach agus com-pàirteachasan èifeachdach air a bhith air an deagh chleachdadh gus piseach a thoirt air càileachd fèin-fhiosrachaidhean na cloinne. Is e aon eisimpleir air seo an dòigh anns a bheil a' Cholaiste Ghàidhlig ann an Ìle a' libhrigeadh leasan ann an litearras agus Gàidhlig. Tha an ceannard an gnìomh air deagh chàirdeasan a thogail le Comann nam Pàrant. Tha iad air a bhith ag obair còmhla le Àrd-sgoil Ìle gus am bi adhartas nas fheàrr ann an ionnsachadh na cloinne an uair a bhios iad a' gluasad suas dhan àrd-sgoil. Tha luchd-sgrùdaidh air iarraidh gun lean sin mar phrìomhachas gus am bi eadar-ghluasad airson Foghlam Meadhan Gàidhlig a' fàs nas fheàrr. Thar na sgoile, tha an luchd-obrach gu soirbheachail ann a bhith a' tòiseachadh prògraman nas ùire leithid *Leasachadh an sgioba-obrach òg*. Tha clann a' fàs nas mothachail air an dòigh anns a bheil na sgilean aca airson ionnsachadh, beatha agus obair air a bhith air an leasachadh.

## **Astar an ionnsachaidh a leasachadh agus gnìomhan nas dùbhланаich a thabhann, a tha a' maidseadh feumalachdan na cloinne ann an dòigh nas fheàrr**

Rè an turais seo, rinn sinn sgrùdadh air leasan a tha ag adhartachadh ìre nas àirde de dhùbhlanan agus astar nas luaithe ann an ionnsachadh. Tha modhan ùra a thaobh ionnsachadh agus teagasg a' toirt deagh thaic dhan seo. Tha sgaradh nas èifeachdaich a-nis air a dhèanamh eadar leasan agus obair an dèidh làimh. Tha rùintean ionnsachaidh agus slatan-tomhais soirbheachais air an deagh chleachdadh gus taic a thoirt do dhiofarachadh. Tha a' chlann nas gnìomhaich a thaobh an ionnsachaidh agus, mar sin, tha dol an sàs agus toileachas gu math follaiseach sna clasaichean. Tha an luchd-obrach a-nis a' dèanamh cinnteach gu bheil iad gu h-èifeachdach a' togail air ro-ionnsachadh. Is urrainn dhan chloinn mìneachadh a dhèanamh air na tha iad ag ionnsachadh agus ceanglaichean a dhèanamh ri raointean eile den ionnsachadh. Mar eisimpleir, ann an saidheans bha a' chlann a' dèanamh ceangal eadar deuchainn feidhir agus ionnsachadh a rinn iad a-cheana. Tha an ceannard an gnìomh agus an ceannard-roinne air làn lèirmheas a dhèanamh air clann a tha a' cur feum air taic a bharrachd len ionnsachadh. Tha a-nis os-shealladh iom-chùimseach ann an àite a tha air a dheagh chleachdadh gus dèanamh cinnteach gu bheil an cothrom aig a' chloinn air fad adhartas iomchaidh a dhèanamh. Tha an luchd-sgrùdaidh air iarraidh gun lean an sgoil oirre a' dèanamh cinnteach gun dèan a' chlann a tha a' coileanadh aig an ìre as àirde an adhartas as fheàrr as urrainn dhaibh.

## **Dèanamh cinnteach gu bheil fòcas nas làidir aig rianachd fèin-mheasaidh air leasachadh bhuilean na cloinne**

Tha an ceannard an gnìomh air stiùireadh agus ceannardas air an robh mòran feum a thoirt dhan sgoil seo. Mar thoradh air seo, tha a-nis cultar làidir ann airson leasachadh. Tha mòran leasachaidhean dheimhinneach air tachairt on rinn sinn an sgrùdadh mu dheireadh. Tha an ceannard an gnìomh a' toirt stiùir air leth làidir airson leasachadh stèidhichte air fèin-luachadh làidir. Tha i a' dèanamh feum air leth èifeachdach de Chomhairle Foghlam Alba air Foghlam Gàidhlig. Thar na sgoile, tha an luchd-obrach gu cudromach an sàs ann a bhith a' sònrachadh prìomhachasan na sgoile gus an sgoil a leasachadh. Le taic glè mhath bhon cheannard an gnìomh agus an ceannard-roinne, tha an luchd-obrach a' toirt prìomhachasan air adhart aig deagh astar agus le mòr dhealas. Tha e ceart gu bheil uail aig an luchd-obrach sna leasachaidhean a tha air tachairt chun na h-ìre seo. Bheir modhan-obrach ùra a thaobh a bhith a' cruinneachadh bheachdan chloinne agus an luchd-obrach taic do leasachadh leantainneach na sgoile. Tha an luchd-obrach dèidheil air leasachaidhean ùra a thoirt air adhart. Bha mòran eisimpleirean ann dhen seo, a' gabhail a-steach modhan obrach ùra a thaobh a bhith a' teagasg litreachadh agus obair matamataig san eanchainn agus a' tracadh adhartas na cloinne. Tha e ri mholadh gu bheil an sgoil seo a-nis a' dèanamh barrachd beachd-smuaineachaidh. Tha an luchd-obrach ag obair nas motha le co-obraichean ann an sgoiltean eile agus a' dol an sàs ann an ionnsachadh proifeiseanta gus an cuideachadh nan obair. Tha e a' còrdadh ris a' chloinn cuideachd com-pàirt a bhith aca ann an leasachadh an sgoil. Bidh iad a' cumail orra an sàs ann am buidhnean 'luchd-atharrachaidh'. Bidh clann nas sine cuideachd a' faighinn buannachd bho na sgilean a bhios iad a' togail

an uair a bhios iad a' gabhail uallach airson a bhith a' stiùireadh bhuidhnean aig àm lòn. Thar na sgoile, tha barrachd fiosrachaidh aig an luchd-obrach mu na sùileachaidhean nàiseanta leis gu bheil iad an sàs ann am frèaman-obrach nàiseanta. Tha seo, agus ceannardas sgileil a' cheannard an gnìomh, a' cuideachadh ann a bhith a' daingneachadh leasachaidhean riatanach airson na sgoile seo.

### **Dè thachras a-nis?**

Tha an sgoil air deagh adhartas a dhèanamh on chaidh an sgoil a sgrùdadh o thùs. Tha sinn riarachaidh gu bheil an comas aig an sgoil leantainn oirre a' tighinn am feabhas agus cha tadhail sinn air an sgoil a-rithist co-cheangailte ris an sgrùdadh seo. Cumaidh Comhairle Earra-Ghaidheal is Bhòid fiosrachadh ri pàrantan mu adhartas na sgoile mar phàirt de na h-ullachaidhean a tha aige airson a bhith a' toirt fios mu chàileachd a sgoiltean.

Jackie Maley  
Neach-sgrùdaidh na Banrigh

Ma tha sibh airson na litreach seo fhaighinn ann an cruth eadar-dhealaichte, mar eisimpleir, eadar-theangachadh dhi, cuiribh fios chun sgioba rianachd air an àireamh fòn gu h-àrd.

Ma tha sibh airson fiosrachadh a thoirt dhuinn no gearan a thogail mun obair againn, fònaibh thugainn air 0131 244 4330, no cuiribh post-dealain gu: [complaints@educationscotland.gsi.gov.uk](mailto:complaints@educationscotland.gsi.gov.uk). no sgrìobhaibh thugainn chun an t-seòladh a leanas: Manaidsear Ghearain, Taigh Denholm, Pàirc Ghnìomhachais Ghlinn Almoin, Slighe Ghlinn Almoin, Baile Lèibhinn EH54 6GA.